

AG ÀRDACHADH AGUS A' DÌON

A thuilleadh air a bhith a' toirt taic dhan Bhàn-rìgh le a dleastanasan mar Cheann-Stàite agus a' gabhail riochd neach-tionnsgain carthannach, tha Prionnsa na Cuimrigh a' sireadh gus traidiseanan, deagh-bheusan agus sàr-mhathas maireannach na dùthcha àrdachadh agus a dhìon. Am measg nithean eile, tha an obair seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh euchdan no cùisean, nach biodh air mòran follais fhaighinn, às aonais a thaic, a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, a' brosnachadh tuathanachas seasmhach, agus ag àrdachadh fulangas agus tuigsinn nas motha eadar diofar chreideamhan agus choimhearsnachdan.

A' TOGAIL CHÙISEAN

Annas a' bhliadhna mu dheireadh, tha Prionnsa na Cuimrigh, le taic bho Bhan-diùc na Còirn, aon uair eile air sireadh gus a' chuid as fheàrr mu Bhreatainn agus sluagh àrdachadh agus a dhìon. Glè thrìc tha seo a' gabhail a-steach am Prionnsa a bhith ag obair gu pearsanta mar neach-brosnachaidh airson atharrachadh a mholadh, airson deasbad a ghineadh no airson cùisean air an deach dearmad a dhèanamh a chomharrachadh.

Euchd agus seirbheis

Tha na h-Urramaich Rìoghail gu riaghailteach a' gabhail pàirt ann an tachartasan a tha a' comharrachadh obair nan seirbheisean èiginn agus san Iuchar 2007 thug am Prionnsa seachad na duaisean aig an 12na Police Bravery Awards bhliadhnail ann an Lunnainn. Chaidh seachd oifigeir 's a dhà ainmeachadh, agus b' e PC Geoffrey Hince à Manchester, a fhuair an duais airson an oifigeir bu ghaisgeile, nuair a chaidh e an sàs ann an dà mhèirleach armaichte a bha a' goid bho oifis puist, nuair a bha e dheth. Aig an tachartas bhruidhinn an t-Urramach Rìoghail mu bheusachd nan oifigearan a fhuair duaisean: "Cluinnidh sinn iad ag ràdh gun robh iad dìreach a' dèanamh an cuid obrach. 'S dòcha gun robh, ach b' e obair shònraichte a bh' ann agus 's e daoine sònraichte a th' annta."

Tha na h-Urramaich Rìoghail cuideachd a' gabhail pàirt ann an cuirmean a tha a' comharrachadh obair luchd-obrach saor-thoileach air feadh na RA. San Dùbhlachd 2007, choinnich Ban-diùc na Còirn ri luchd-obrach saor-thoileach a bha a' cuideachadh dhaoine gun dachaigh aig ionad a tha air a ruith leis a' charthannas Emmaus in South London. Tha an t-Urramach Rìoghail air a bhith na neach-taice Emmaus bho 2006, agus rè a turais chun an ionaid thachair i ri neach-còmhnaidh, Ealasaid Harrington, a thuirt gun robh e "miorbhaileach" gun robh a' Bhan-diùc a' tadhal air an ionad airson cuidicheadh le obair a charthannais àrdachadh. "Tha feum mhòr air an sin," thuirt i.

Coimhearsnachdan dùthchail, tuathanachas agus biadh

Mar thuathanach e fhèin, tha diù mhòr aig a' Phrionnsa dha tuath Bhreatainn agus math nan daoine a tha a' fuireach agus ag obair air. Tha a bhith a' cumail roinn àiteachais fhallain ro chudromach dhan dùthaich, chan ann dìreach on a tha an dealbh-tìre an urra ri eòlas cruinnichte na coimhearsnachd thuathanachais airson a stiùireadh ach tha structair sòisealta na dùthcha an urra ri bun-stèidh làidir tuathanachais.

Tha pàirt cudromach aig an taigh-òsta dùthchail ann a bhith a' cumail an structair sin, agus airson na sia bliadhna mu dheireadh, tha an iomairt "Pub is the Hub" a' Phrionnsa air a bhith a' brosnachadh taighean-grùide, luchd-seilbh taighean-òsta, luchd-cead agus coimhearsnachdan ionadail gus an taigh-òsta a chleachdadh airson seirbheisean ionadail, mar bhùthan agus oifisean puist a leasachadh. Sa Mhàrt 2008 thadhail an t-Urramach Rìoghail air aon taigh-òsta anns an sgeama ann an Ravenstonedale ann an Cumbria. Còmhla ri Hilary Benn, Rùnaire na h-Àrainneachd, chuala am Prionnsa bho fhear is bean an taighe, Ailean agus Louise Dinnes, mar a bha am Black Swan air a thighinn gu bhith na phàirt cudromach den choimhearsnachd bhailteil iomallach bho chaidh rùm-cadail shìos an staidhre atharrachadh gu bhith na bhùth-baile. Mar bhrosnaiche airson biadh fallain agus biadh ionadail, dh'aontaich Prionnsa na Cuimrigh a bhith na Cheannard air Year of Food and Farming agus anns an t-Sultain 2007 chuir e an iomairt air bhog, a tha ag amas air clann agus biadh agus an dùthaich ath-cheangal le bhith gam brosnachadh gus am biadh fhèin fhàs agus tadhal air tuathanachasan ionadail.

Airson a chur air bhog, fhuair mu 50 oileanach bho Cholaiste Coimhearsnachd Oathall ann an Sussex an Iar agus Bun-sgoil Avening ann an Tetbury fiathachadh gus a dhol air turas gu Duchy Home Farm aig a' Phrionnsa, far an deach sealltainn dhaibh mar a dhèanadh iad roilichean arain bho thùs, am measg sin a' bleith am flùr fhèin. Thuirt an t-Urramach Rìoghail gun robh Year of Food and Farming cudromach dha clann on bha e "a' teagaisg dhaibh a bhith a' cur luach fad-beatha air biadh agus an dòigh anns a bheil e air a thoirt gu buil, agus gan ath-cheangal ri Nàdar gus am bi tuigse nas fheàrr aca carson a tha e cho cudromach airson slàinte agus mathas gach duine againn."

Creideamh agus coimhearsnachdan cinneachail

Tha a bhith a' brosnachadh fulangas ann am Breatainn de iomadh chreideamh agus coimhearsnachd air a bhith na chomharra air obair a' Phrionnsa airson ùine mhòr. San t-Samhain 2007, thadhail e air Baile nan Sionach còmhla ri Ban-diùc na Còirn gus coinneachadh ri buill de choimhearsnachd Shìonach shoirbheachail Lunnainn. Chuir na h-Urramaich Rìoghail seachad dà uair a thide anns na sràidean dùmhail agus chaidh iad gu taigh-fuine Sionach, mòr-bhùthan agus taigh-bìdh agus fèistean le dannsa leòmhan Sionach fhad 's a bha iad nan seasamh fo dhusanan de lanntairean dearg agus òir a bha a' crochadh os cionn Sràid Gerrard ann an Soho.

Tha ceangal a' Phrionnsa leis a' choimhearsnachd Shìonach a' ruighinn air faighneachd dhan Foundation for the Built Environment aige obrachadh còmhla ri Comhairle Mòr-bhaile Westminster agus a' choimhearsnachd ionadail gus cur ri leasachaidhean o chionn ghoirid ann am Baile nan Sionach le bhith a' brosnachadh dòighean-obrach ailtireachd traidiseanta Sionach a chleachdadh agus le bhith a' tarraing air sàr-mhathas agus sgilean luchd-ciùird ann an Sìona agus anns an RA. Tha an Stèidheachd ag obair air dealbhachadh airson leasachadh le sgoil na h-ailtireachd ann an Oithigh Tsing Hua Bheijing.

Litrichean agus coinneamhan

A thuilleadh air a bhith a' togail cùisean gu poblach airson aire a thoirt dha cùisean air am faodadh dearmad a bhith dèante air a' chaochladh tha an t-Urramach Rìoghail, mar Bhall den Chomhairle Dhìomhair e fhèin, cuideachd a' sgrìobhadh gu prìobhaideach gu, agus a' coinneachadh ri Ministearan an Rìghaltais, ceannardan gnothachais agus daoine eile le buaidh air diofar chuspairean a tha air an toirt gu aire no a tha a' dèanamh dragh dha air sgàth iomadh coinneimh agus turais air feadh na RA agus thall thairis. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha am Prionnsa daonnan faiceallach cùisean pàrtaidh poilitigeach agus a tha connsaideach gu poilitigeach a sheachnadh.

San t-Samhain 2007, thadhail Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn air Taigh Iosa ann an Crois Bhrent ann an Lunnainn airson na tha eaglaisean a' Mhòr-chuid Dubh a' cur ri beatha anns an Rìoghachd Aonaichte a chomharrachadh.

A thuilleadh air a bhith a' cur aithne air luchd-obrach saor-thoileach, luchd-obrach agus buill den choitheanal, thachair am Prionnsa gu Prìobhaideach ri Easbaig Lunnainn agus 20 aoghair de dh'eaglaisean a' Mhòr-chuid Dubh airson bruidhinn mu chùisean creideimh agus an comas airson barrachd co-obrachaidh eadar na h-eaglaisean agus Urras a' Phrionnsa.

Ann an òraid a thug e dhan choitheanal, mhol am Prionnsa obair coimhearsnachd agus carthannais na h-eaglaise. Thuirt e riutha: "Tha sibh uile nur deagh eisimpleir air mar a tha uiread de dhaoine len teaghlach a' tighinn às a' Cho-fhlaitheas bho thùs air beatha ùr a thoirt a-steach dhan eaglais Chrìosdail anns an Rìoghachd Aonaichte's mar sin a' crìochnachadh a' chearcaill a thòisich miseanaraidhean à Breatainn uiread de bhliadhnachan air ais."

"Cluinnidh sinn iad ag ràdh gun robh iad dìreach a' dèanamh an cuid obrach. 'S dòcha gun robh, ach b' e obair shònraichte a bh' ann agus 's e daoine sònraichte a th' anna."

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn aig an 12mh comharrachadh bliadhnail de Police Bravery Awards san Iuchar 2007.